

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean



PLANA GÀIDHLIG

2025 – 2030

Chaidh an t-eagran seo de Phlana Ghàidhlig Loch Laomainn is nan Tròisichean ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air [12 Màrt 2025]

Ro-ràdh

Tha mi moiteil a bhith a' foillseachadh an treas eagrain den Phlana Ghàidhlig againn (2025-2030). 'S e àm fìor chudromach dhan Phàirc Nàiseanta a tha seo le Plana Com-pàirteachais Pàirce Nàiseanta ùr ann a tha a' cur air adhart ar lèirsinn gum bi a' Phàirc Nàiseanta na 'àite beothail a bheir fàs air nàdar agus crìonadh air carbon'. Cuidichidh a bhith a' brosnachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig sinn gus an lèirsinn sin a thoirt gu buil.

Tha an t-eagran as ùire seo den Phlana Ghàidhlig againn a' cur an cèill ar dealas leantainnich a thaobh a bhith ag àrach agus a' toirt spèis dhan Ghàidhlig, mar phàirt bhunaiteach de dhualchas cultarach na h-Alba, a tha gu sònraichte cudromach dhan Phàirc Nàiseanta. Tha e a' togail air h-eagrain a bh' ann roimhe, a' leabachadh na Gàidhlig barrachd ann an dlùth is inneach na Pàirce Nàiseanta, agus a' mìneachadh prìomh ghnìomhan gus cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig àrdachadh, a' gabhail a-steach:

- A bhith a' toirt trèanadh dhan luchd-obrach againn, dhan Bhòrd, agus do na saor-thoilich againn gus an cuideachadh a bhith a' faireachdainn misneachail mu cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig sa chruth-tìre gu h-eachdraidheil agus san latha an-diugh agus mar as urrainn dhaibh Gàidhlig a chleachdadh nan dreuchdan.
- A' dèanamh feum de ruigsinneachd chruinneil nan seanailean air-loidhne againn gus daoine a thoirt an sàs sa Ghàidhlig, gan cuideachd gus na ciad cheumannan aca a ghabhail ann an ionnsachadh na Gàidhlig no a bhith a' cur ri an cuid eòlais tro bhith a' rannsachadh cruth-tìre na Pàirce Nàiseanta.
- A' cur ri fiosrachadh mun Ghàidhlig aig prìomh làraichean luchd-tadhail air feadh na Pàirce, a' toirt ceanglaichean do luchd-tadhail gus an ionnsaich iad barrachd air-loidhne.
- A' brosnachadh iomairt Cleachdi am measg gnìomhachasan agus buidhnean coimhearsnachd anns a' Phàirce gus am bi luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sa Phàirc nas faicsinniche do chàch a chèile agus gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an àiteachan poblach.

Tro na gnìomhan a tha air am mìneachadh san eagran as ùire seo den Phlana Ghàidhlig againn, tha sinn a' gabhail cheumannan cudromach a dh'ionnsaigh Pàirc Nàiseanta a bhith againn far nach e a-mhàin gu bheil a' Ghàidhlig air a gleidheadh ach gu bheil i a' soirbheachadh, a' cur ri beatha a h-uile duine a bhios a' tadhal, a' fuireach agus ag obair san sgìre gun choimeas seo. .

Gordon Watson

Àrd-oifigear

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean

CLÀR-INNSE

1.	FACAL TOISICHIDH.....	4
1.1	CUNNTAS AIR OBAIR AGUS SUIDHEACHADH NA BUIDHNE	4
1.2	GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH SGÌRE ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE.....	5
1.3	GEÀRR-CHUNNTAS MUN GHÀIDHLIG ANN AN ALBA	7
1.4	ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005	8
1.5	PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG	8
1.6	SGRÙDADH A-STAIGH AGUS A-MUIGH AIR COMAS CÀNAIN	9
1.7	CO-CHOMHAIRLE AIR DREACH PLANA GÀIDHLIG	10
2	PRÌOMH PHRIONNSAPALAN.....	11
2.1	SPÈIS CHO-IONANN	11
2.3	ÀBHAISTEACHADH.....	12
3	GEALLTANASAN A' PHLANA	12
3.1	PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL	12
3.2	AMASAN SEIRBHEISEAN Corporra	19
3.2.1	Amas Seirbheisean Corporra 1: Inbhe	19
3.2.2	Amas Seirbheisean Corporra 2: Conaltradh leis a' Phoball.....	22
3.2.3	Amas Seirbheisean Corporra 3: Fiosrachadh	27
3.2.4	Amas Seirbheisean Corporra 4: Luchd-obrach.....	32
3.2.5	Amas Seirbheisean Corporra 5: Corpas na Gàidhlig.....	36
4	CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA	37
1	FOILLSEACHACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA.....	38
4.5	AIR AN TAOBH A-STAIGH	38
4.6	BUNAIT FIANAIS AIR AN TAOBH A-MUIGH.....	38
5	A' GOIREASACHADH A' PHLANA.....	39
6	A' SGRÙDADH A' PHLANA	39
7	AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH	40
7.1	UALLACH AIRSON A' PHLANA GHÀIDHLIG AIG A' CHEANN THALL.....	40
7.2	UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA	40
7.3	BUILEACHADH IS SGRÙDAIDH A' PHLANA GHÀIDHLIG.....	40
7.4	A' CONALTRADH LE LUCHD-OBACH.....	41
7.5	BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH IS TREAS PÀRTAIDHEAN.....	42
	Pàipear-taice 1 – Sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach (an Lùnastal 2023) ..	43

1. FACAL TOISICHIDH

1.1 CUNNTAS AIR OBAIR AGUS SUIDHEACHADH NA BUIDHNE

1.1.1 Chaidh Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a stèidheachadh air 8 Iuchar 2002 agus thòisich obair Ùghdarras Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean an uair sin - fhuair e na cumhachdan reachdail uile aige air 19 Iuchar 2002.

1.1.2 Tha uallach air Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta airson a bhith a' co-òrdanachadh oidhirpean bhuidhnean com-pàirteachaidh air feadh na Pàirce Nàiseanta gus na h-Amasan a tha air am mìneachadh ann an Achd nam Pàircean Nàiseanta (Alba) 2000 a chur air adhart:

- a bhith a' gleidheadh is a' cur ri dualchas nàdarra agus cultarach na sgìre
- a bhith a' brosnachadh cleachdadh seasmhach de stòrasan nàdarra na sgìre
- a bhith a' brosnachadh tuigse ann am feartan sònraichte na sgìre leis a' phoball agus gun gabh iad tlachd às
- a bhith a' brosnachadh leasachadh eaconamach is sòisealta nan coimhearsnachdan anns an sgìre

1.1.3 'S e dleastanas Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta a bhith a' co-òrdanachadh libhrigeadh nan ceithir amasan reachdail seo a thaobh 7 Phàircean Nàiseanta, agus mar sin a' dèanamh cinnteach gum bi na raointean sin seasmhach san àm ri teachd.

1.1.4 Tha Plana Gàidhlig na buidhne gu sònraichte ag adhartachadh an amais 'A bhith a' gleidheadh is a' cur ri dualchas agus dualchas nàdarra na sgìre' leis gur i a' Ghàidhlig cànan a' mhòr-chuid de luchd-còmhnaidh sgìre na Pàirce Nàiseanta gus an 19mh linn.

1.1.5 Le timcheall air 178 luchd-obrach (ann an 2023) agus 17 buill a' Bhùird, tha grunn dhleastanasan reachdail air Ùghdarras na Pàirce a' gabhail a-steach stiùireadh air leasachadh agus a bhith a' foillseachadh Plana Pàirce Nàiseanta, plana ro-innleachdail a stiùiricheas obair chom-pàirtichean sa Phàirc Nàiseanta agus Plana Corporra a tha a' mìneachadh prìomhachasan ro-innleachdail Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta. Feumaidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta cuideachd Plana Leasachaidh Ionadail ullachadh, cothrom air a' bhlàr a-muigh sa Phàirc a stiùireadh, agus tha e cunntachail airson a h-

uile co-dhùnadh mu phlanadh agus stiùireadh leasachaidh taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta.

1.1.6 Tha Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus bidh Ministearan na h-Alba a' fastadh sianar de na buill bùird againn. Tha sianar bhall eile air an ainmeachadh dhan bhòrd leis na ceithir ùghdarrasan ionadail ann an sgìre na Pàirce Nàiseanta – Earra-Ghàidheal is Bòd (2), Sruighlea (2), Siorrachd Dhùn Breatann an Iar (1) agus Peairt is Ceann Rois (1) agus tha còignear bhall againn air a' Bhòrd. a tha air an taghadh le luchd-còmhnaidh taobh a-staigh sgìre na Pàirce Nàiseanta. Tron Bhòrd againn tha sinn cunntachail dhan Mhinistear airson Sgilean Uaine, Eaconamaidh Chearcallach agus Bith-iomadachd taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba agus mar sin do Phàrlamaid na h-Alba cuideachd.

1.1.7 Ann an coileanadh a dhleastanasan bidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta agus an luchd-obrach aige ag eadar-obrachadh le farsaingeachd de dhaoine, bho na daoine a tha a' fuireach taobh a-staigh sgìre na Pàirce Nàiseanta - timcheall air 15,000 daoine, an fheadhainn a tha ag obair an seo agus cuid de na milleanan de luchd-tadhail dhan Pàirc. Tha còrr is an dàrna leth den luchd-tadhail seo a' fuireach taobh a-staigh uair a thìde bhon Phàirc Nàiseanta.

1.2 GÀIDHILIG TAOBH A-STAIGH SGÌRE ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

1.2.1 Tha mu 14,500 neach-còmhnaidh a' fuireach ann an Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (a rèir cunntas-sluaigh 2022), tha a' phàirce mu 720 mìle ceàrnagach ann am meud agus a' còmhdaich ceithir sgìrean ùghdarras ionadail:

- Sruighlea
- Earra-Ghàidheal is Bòd
- Siorrachd Dhùn Breatann an Iar
- Peairt is Ceann Rois

1.2.2 Tha eachdraidh bheartach aig Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a thaobh chànanan is dualchais. Tha fianais ann gur i a' Ghàidhlig prìomh chànan na sgìre seo agus gun do chrìonaich i san 19mh linn. Tha tùs Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid de na h-ainmean-àite an-diugh agus tha ainmean Gàidhlig air mòran de na feartan cruinn-eòlach, mar eisimpleir, beanntan, glinn agus aibhnichean.

1.2.3 Tha Cunntas-sluaigh 2022 a' clàradh gu bheil 205 neach-labhairt Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta (1.4% den t-sluagh àbhaisteach nas sine na 3 bliadhna a Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

dh'aois). Tha an àireamh seo air crìonadh bho 2011 nuair a bha 268 luchd-labhairt Gàidhlig sa Phàirc (1.76%). Fhuair Cunntas-sluaigh 2022 a-mach cuideachd gun robh eòlais air choireigin air a' Ghàidhlig aig 392 daoine (2.7% den t-sluagh), sin lùghdachadh 11.1% bhon 441 a chaidh a chlàradh ann an Cunntas-sluaigh 2011.

- 1.2.4 Fad nan ceudan de bhliadhnaichean gus an 19mh linn, b' i a' Ghàidhlig a' phrìomh chànan aig a' mhòr-chuid de dhaoine ann an sgìre na Pàirce. Thathar ag innse dhuinn, mar eisimpleir, gur i a' Ghàidhlig an aon chànan ann am Both Chuidir, Calasraid, Obar Phuill, Lus agus san Arar ann an 1724 agus gun robh i aig a' mhòr-chuid ann am Both Chanain agus Port Thèadhaich. Cho anmoch ris na 1950an, bha luchd-labhairt dùthchasach na Gàidhlig fhathast rin lorg ann an àiteachan leithid Both Chuidir, Drochaid Tuirc agus Cill Fhinn.
- 1.2.5 Air sgàth seo, 's e ainmean-àite Gàidhlig as motha a th' anns a' phàirce; far a bheil iad sin air an clàradh gu dìleas, tuigidh luchd-labhairt na Gàidhlig à ceàrnaidh sam bith eile de dh'Alba iad, ged a tha na cruthan Beurla air na h-ainmean Gàidhlig sin uaireannan ag adhbharachadh dhuilgheadasan mìneachaidh. Ach tha siostaman ainmeachaidh nas sine ann cuideachd, gu tric air an atharrachadh le luchd-labhairt na Gàidhlig, a' gabhail a-steach Lochlannais is Cuimbris no Briothannais – cànan Ceilteach eile a tha nas coltaiche ris a' Chuimris.
- 1.2.6 Ged nach eil sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig anns a' Phàirc Nàiseanta fhèin, faodaidh clann san sgìre a dhol gu sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-muigh na sgìre agus tha roghainnean ann airson Gàidhlig ionnsachadh ann an sgoiltean le sgìrean-sgoile faisg air a' Phàirc Nàiseanta. Tha Aonad tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich ann an Dùn Omhain a bhios a' frithealadh a h-uile sgoilear ann an Comhghall le pàrantan a tha ag iarraidh oideachadh sa Ghàidhlig dhan chuid chloinne. Tha Àrd-sgoil Uallas ann an Sruighlea a' tabhann Gàidhlig mar chuspair a ghabhas dèanamh aig Àrd-ìre. Tha foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn aig ìre na bun-sgoile cuideachd. Tha clasaichean air an teagasg ann am Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne, Sruighlea agus faodaidh pàrantan an cuid chloinne a chlàradh tron bhun-sgoil ionadail aca.
- 1.2.7 Tha Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba agus tha sinn an geall air cumail oirnn le lìbhrigeadh na deagh obrach bho na h-eagrain mu dheireadh den Phlana Gàidhlig againn, a bharrachd air a bhith a' lìbhrigeadh nam prìomh amasan againn thairis air an Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

ath chòig bliadhna, an dà chuid le luchd-obrach, com-pàirtichean agus leis a' phoball, a tha a' cuideachadh gus a' Ghàidhlig agus a cultar a thoirt beò agus gus dèanamh cinnteach gum bi i buntainneach do ghinealaichean ri teachd.

1.3 GEÀRR-CHUNNTAS MUN GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

1.3.1 Ann an 2022, bha sgilean Gàidhlig aig mu 130,000 duine aois 3 is nas sine ann an Alba (mu 1.7% den t-sluagh). Bha seo na àrdachadh air figear Cunntas-sluaigh 2011 a bha aig 87,000, agus b' e seo a' chiad chunntas-sluaigh bho 1971 a sheall àrdachadh anns an àireamh de dhaoine a dh'aithris gun robh comas labhairt Gàidhlig aca. Às na 130,000 daoine le sgilean Gàidhlig a chaidh a chlàradh ann an Cunntas-sluaigh 2022:

- Bha làn-sgilean Gàidhlig aig 43,807 (34%), 's e sin ri ràdh gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh
- bha comas labhairt Gàidhlig aig 18,264 (14%);
- bha comas Gàidhlig a thuigsinn ach chan ann gus a bruidhinn, a sgrìobhadh no a leughadh aig 46,404 (36%).

1.3.2 Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' fàs air feadh na h-Alba. Tha e a-nis ri fhaighinn ann an còrr is an dàrna leth de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba agus, a bharrachd air FtG bha 6,490 sgoilear ann an 2022-23 clàraichte ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (gaidhlig.scot). Thòisich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an 1985 le 14 sgoilearan sa bhun-sgoil agus a-nis tha 7,000 sgoilearan san roinn thairis air foghlam Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoile is Àrd-sgoile. Bidh feum air tasgadh a bharrachd ann an sgoiltean is tidsearan gus am fàs leantainneach a choileanadh.

1.3.3 A bharrachd air leudachadh FtG, tha goireasan nàiseanta leasaichte agus ruigsinneach ann a tha ga dhèanamh nas fhasa na bha e a-riamh do luchd-ionnsachaidh de gach aois cothrom fhaighinn air iomairtean agus susbaint ionnsachadh Gàidhlig, a' gabhail a-steach; [LearnGaelic](#) agus [SpeakGaelic](#), com-pàirteachas eadar Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, BBC ALBA, Bòrd na Ceiltis (Alba) agus Sabhal Mòr Ostaig, agus tro bhuidhnean cultarail agus foghlaim eile a' gabhail a-steach [Fèisean nan Gàidheal](#), [Am Mòd Nàiseanta Rìoghail](#), [Ceòlas](#), agus [Spòrs Gàidhlig](#).

1.3.4 Tha e follaiseach gu bheil barrachd iarrtas ann airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig san àireimh de dhaoine a tha ag ionnsachadh Gàidhlig na h-Alba tro Duolingo. Thathar a' meas gu bheil 1.8 millean neach air tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh air an aplacaid bho chaidh an cùrsa a chur air bhog bho

chionn trì bliadhna, agus ann an 2023 bha ìre fàis de 17% aig a' chùrsa (suas bho 12% ann an 2022).

- 1.3.5 Ge b' e dè na h-àireamhan iomlan a th' ann de luchd-labhairt na Gàidhlig, thathar an dùil gun lean na treandaichean de dh'àrdachadh ann an lèitearrachd, barrachd luchd-ionnsachaidh fileanta agus fàs ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a' ciallachadh barrachd fèill air seirbheisean.

1.4 **ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005**

- 1.4.1 Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

- 1.4.2 'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarras poblach Plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh. Tha Planaichean Gàidhlig reachdail aig còrr is 60 ùghdarras poblach eile air feadh na h-Alba.

- 1.4.3 Is e an sgrìobhainn seo an treas eagraan de Phlana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chumas sinn oirnn a' cleachdadh na Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn cleachdadh agus eòlas nas fharsainge air a' Ghàidhlig eadar 2024 agus 2029.

- 1.4.4 Thathar air Plana Gàidhlig Loch Laomainn is nan Tròisichean ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Phlana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

1.5 **PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG**

- 1.5.1 Tha Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta a' cur taic ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha sinn gu mòr airson an t-amas seo a choileanadh le bhith a' cur

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

fòcas ar cuid obrach air amasan farsaing Plana Nàiseanta na Gàidhlig, gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean, le bhith:

- A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig
- A' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Tha na h-amasan sin cuideachd co-chòrdail ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2023-2028, a chaidh fhoillseachadh às dèidh dhan sgrìobhainn seo a bhith air a sgrìobhadh.

1.5.2 Cuidichidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta gus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a choileanadh tro bhith:

- A' cleachdadh na ruigsinneachd agus nan lìonraidhean againn gus daoine a bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh agus a' bruidhinn na Gàidhlig mar dhòigh gus an eileamaid chudromach seo de dhualchas cultarail na Pàirce Nàiseanta (mar àite) a chumail beò, soirbheachail agus buntainneach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil eòlas air agus cleachdadh na Gàidhlig buannachdail agus buntainneach nuair as urrainn dhuinn mar phàirt den obair anns a bheil sin an sàs bho latha gu latha.
- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh ruinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh na ruigsinneachd agus na buaidh a th' againn le com-pàirtichean air feadh na Pàirce Nàiseanta.

1.6 SGRÙDADH A-STAIGH AGUS A-MUIGH AIR COMAS CÀNAIN

1.6.1 Rinn Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta sgrùdadh air na comasan Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne ann an 2023 mar phàirt den obair ullachaidh air a' Phlana Ghàidhlig seo. Chaidh feart a thoirt air toraidhean an ath-sgrùdaidh seo nuair a bha sinn a' cruthachadh ghealltanasan a' Phlana, agus tha iad air ar stiùireadh a thaobh a bhith a' stèidheachadh, a' cumail no a' leasachadh chleachdaidhean gus cleachdadh na Gàidhlig a thoirt air adhart agus gus an cànan agus a pàirt chudromach ann an dualchas cultarail ri agus a buntainneachd taobh a-staigh na Pàirce Nàiseanta a bhrosnachadh.

1.6.2 Seall an lèirmheas ged nach eil luchd-obrach sam bith fileanta sa Ghàidhlig, gu bheil tuigse bhunaiteach aig 42% den luchd-freagairt no gun robh beagan Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

abairtean Gàidhlig aca, agus bha an aon àireamh sa cheud den luchd-fhreagairt air pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig roimhe seo. Thuir 48% den luchd-fhreagairt gum biodh ùidh aca pàirt a gabhail ann am buidheann luchd-obrach airson cànan is com-pàirteachadh na Gàidhlig a thoirt air adhart taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta, agus bha molaidhean no beachdan aig mun aon àireamh den luchd-fhreagairt air mar a ghabhadh a' Ghàidhlig a thoirt beò sa Phàirc Nàiseanta.

- 1.6.3 Ann am Pàipear-taice 1 tha geàrr-chunntas de na co-dhùnidhean bhon In-sgrùdadh air Comas sa Ghàidhlig bho 2023.
- 1.6.4 Tha an lèirmheas seo air an taobh a-staigh air slat-tomhais a thoirt dhuinn airson na h-ìre de sgilean, mothachadh agus ùidh sa Ghàidhlig taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta. Tha sinn a' gealltainn an sgrùdadh seo a dhèanamh a-rithist taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den phlana seo, agus mar phàirt den dearcnachadh bliadhnaile againn gach bliadhna. Cumaidh sinn sùil air toraidhean agus freagairtean suirbhidh gus sùil a chumail air adhartas, cothroman agus dùbhlain agus gus eagrain den Phlana seo san àm ri teachd fhiosrachadh.
- 1.6.5 A bharrachd air a bhith a' tuigsinn comas agus ùidh sa Ghàidhlig air an taobh a-staigh, bidh sinn a' sireadh cothroman gu for-ghnìomhach gus beachdan agus comas-lìbhrigidh a thaobh na Gàidhlig a rannsachadh nuair a bhios sinn a' conaltradh ri coimhearsnachdan agus ri luchd-tadhail na Pàirce air pròiseactan iomchaidh agus nuair a thathar a' dèanamh rannsachadh eile. Thèid puingeann conaltraidh do luchd-tadhail a chleachdadh cuideachd a' gabhail a-steach Ionad Tadhail Bhaile MoChatha agus cunntasan-bheachd tro na meadhanan sòisealta, gus ar dòigh-obrach a chumadh a thaobh susbaint ùr a chruthachadh do luchd-cleachdaidh.

1.7 CO-CHOMHAIRLE AIR DREACH PLANA GÀIDHLIG

- 1.7.1 Fo Achd 2005, tha e na dhleastanas air Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta co-chomhairle a chumail mun dreachd Plana Gàidhlig againn mus tèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig.
- 1.7.2 Às dèidh dhan dreachd Plana Gàidhlig airson 2024 – 2029 aonta fhaighinn bho Bhòrd Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta sa Mhàrt 2024, chaidh co-chomhairle sia seachdainean a chumail eadar 8 Giblean agus 13 Cèitean 2024. Uile gu lèir, fhuaras 37 freagairtean: 34 sa Bheurla agus 3 sa Ghàidhlig.

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

- 1.7.3 San fharsaingeachd, bha na freagairtean a fhuaradh taiceil agus cuideachail.
- Bha 68% den luchd-freagairt ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gun do chomharraich am Plana na prìomhachasan cearta.
 - Bha 62% den luchd-freagairt ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gu bheil am Plana soilleir agus furasta a thuigsinn, le molaidhean feumail ann am freagairtean eile airson mar ghabhadh am Plana a dhèanamh nas fhasa a thuigsinn.
 - Bha 59% den luchd-freagairt ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gun cuidicheadh am Plana gus a' Ghàidhlig agus a dualchas cultarail a ghleidheadh agus adhartachadh.

2 PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

Tha e na ghealltanais dhuinn na prìomh phrionnsabalan a leanas a chur an sàs san treas eagraan seo den Phlana Ghàidhlig againn:

2.1 SPÈIS CHO-IONANN

- 2.1.1 Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair aca.
- 2.1.2 Nì Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

2.2 TAIRGSE GHNÌOMHACH

- 2.2.1 Cleachdaidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean na prìomh sheanailean air-loidhne agus far-loidhne againn gus ar seirbheisean Gàidhlig a thabhann gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn is dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.
- 2.2.2 Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad.

2.2.3 Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

2.3 ÀBHAISTEACHADH

2.3.1 Nì Ùghdarras Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean cinnteach gum bi cothroman ann dhan phoball agus dhan luchd-obrach againn a' Ghàidhlig a chleachdadh le àbhaisteachadh, gus taic a thoirt do dh'amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus gus ceanglaichean a thogail eadar a' Ghàidhlig agus na prìomhachasan a tha air an comharrachadh ann am Plana Com-pàirteachais na Pàirce Nàiseanta airson 2024-2029.

3 GEALLTANASAN A' PHLANA

3.1 PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL

3.1.1 Ann a bhith ag ullachadh a' Phlana Gàidhlig seo, tha Bòrd na Gàidhlig air còmhraidhean a chumail aig àrd-ìre le Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta gus faighinn a-mach ciamar a bheir gnìomhan an ùghdarrais phoblaich air adhart prìomhachasan ro-innleachdail Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha na builean a chaidh aontachadh sna còmhraidhean seo a-nis na sheata de dh'amasan àrd-ìre a thèid a ghabhail a-steach ann am Plana Gàidhlig Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta.

3.1.2 Tha Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta air gabhail ris na h-Amasan Àrd-ìre a leanas airson ar Plana Gàidhlig airson 2025-2030:

Prìomhachas Ro-innleachdail 1: A' cleachdadh na Gàidhlig	
Amas Àrd-ìre	Brosnaich luchd-obrach agus luchd-tadhail gus pàirt a ghabhail ann an iomairt Cleachdi Sir cothroman cosnaidh a dh'fhaodadh a bhith ann, a' gabhail a-steach preantasachdan agus greisean-gnìomhachais pàighte, a bhiodh a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig cho math ri libhrigeadh amasan ro-innleachdail Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta.
Cleachdadh làithreach	Aig an àm seo, tha sinn aithneachadh comas Gàidhlig mar fheart ion-mhiannaichte airson cuid de dhreuchdan. Gu ruige seo chan eil dreuchdan againn far a bheil

	comas Gàidhlig a thuigsinn agus/no a bhruidhinn na shlat-tomhais riatanach. Tha luchd-obrach air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach; tha brosnachaidhean fiosaigeach timcheall air na prìomh oifisean againn a' toirt cuimhneachain do luchd-obrach mu phrìomh abairtean Gàidhlig agus thathar a' toirt seachad trèanadh bliadhnaile gus mothachadh mun Ghàidhlig a thogail am measg an luchd-obrach.
Gnìomhan a dhìth	SP1-1. Brosnaichidh sinn cleachdadh na h-iomairt Cleachdi air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh le gnìomhachasan a chuireas fàilte air luchd-tadhail dhan Phàirc Nàiseanta, agus do bhuidhnean coimhearsnachd san fharsaingeachd agus tro ar dleastanas mar phrìomh chom-pàirtiche ann am Buidheann Stiùiridh Slighe Taobh an Iar na Gàidhealtachd. SP1-2. Brosnaichidh sinn iomairtean do luchd-obrach, gnìomhachasan agus buidhnean coimhearsnachd a tha a' feuchainn ri luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-tadhail aig a bheil Gàidhlig a bhrosnachadh gus sealltainn gu bheil Gàidhlig aca a' cleachdadh deagh chleachdadh agus goireasan bhon iomairt Cleachdi. SP1-3. Brosnaichidh sinn cothroman obrach is saor-thoileach taobh a-staigh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta do luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt na Gàidhlig gu gnìomhach le bhith a' togail cheanglaichean ri sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig agus ionadan foghlaim àrd-ìre is adhartach (leithid Sabhal Mòr Ostaig). SP1-4. An ath thuras a thèid lèirmheas a dhèanamh air na poileasaidhean HR againn, leabachaidh sinn eòlas no ùidh sa Ghàidhlig mar shlat-tomhais ion-mhiannaichte airson luchd-obrach agus saor-thoilich san àm ri teachd.

	SP1-5. Togaidh sinn dàimhean le buidhnean agus iomairtean (m.e. Pannal Gàidhlig is Scots Young Scot) a dh'fhosglas slighean ùra do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gus an sgilean a thoirt air adhart mar ullachadh airson a dhol a-steach dhan sgioba-obrach. SP1-6. Cleachdaidh sinn modhan conaltraidh air an taobh a-staigh, mar eisimpleir an t-eadra-lìon agus na meadhanan sòisealta san fharsaingeachd gus susbaint Ghàidhlig a bhrosnachadh, a chomharrachadh agus a cho-roinn, agus gus am bi luchd-obrach a' faireachdainn cofhurtail mu bhith a' gabhail nan ciad cheumannan aca a dh'ionnsaigh fileantachd agus a' toirt seachad seirbheis àrd-chàileachd do luchd-labhairt na Gàidhlig. Mar eisimpleir, iomairt gus sealltainn gu bheil luchd-obrach deònach ceuman tòiseachail a ghabhail gus bruidhinn sa Ghàidhlig. Nì sinn soilleir dhan neach-obrach againn uile gu bheil sinn ag aontachadh ris an abairt "Is fheàrr Gàidhlig Bhrìste na Gàidhlig sa Chiste". (Buidheachas: Gàidhlig Briste Print — LOOM Graphics) SP1-7. Às dèidh do luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig brosnachaidh sinn iad gus seo a shealltainn tron ainm-sgrìobhte puist-d aca gus mothachadh mun chànan a thogail am measg choobraichean agus luchd-aithne.
Ceann-latha targaid	1 Brosnaich ìrean cleachdaidh na h-iomairt Cleachdi ro 1 Giblean 2026 agus gach bliadhna tro Iris 3. 2 Brosnaich buidhnean aig a bheil luchd-obrach le Gàidhlig, a bhith a' sealltainn gu bheil Gàidhlig aca ro 1 Giblean 2029 agus gach bliadhna tro Eagran 3. 3 Brosnachadh gnìomhach de chothroman obrach do luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt na Gàidhlig ro 1 Giblean 2026 agus gach bliadhna tro Eagran 3.

	4 Leabaich a' Ghàidhlig sna poileasaidhean HR againn an ath thuras a thèid an ath-sgrùdadh, no ro 1 Giblean 2026. 5 Tog dàimhean le buidhnean com-pàirteachaidh buntainneach ro 1 Giblean 2027. 6 Cuir an gnìomh iomairtean taiceil dhan Ghàidhlig gus cleachdadh na Gàidhlig àbhaisteachadh agus adhartachadh ro 1 Giblean 2027 agus gach bliadhna tro Eagran 3. 7 Brosnaich ainmean-sgrìobhte puist-d a tha a' nochdadh taic dhan Ghàidhlig airson luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig/a tha air trèanadh fhaighinn ro 1 Giblean 2026.
Uallach	1 Sgioba Eòlas an Luchd-tadhail / Neach-leasachaidh Gnìomhachais Slighe Taobh an Iar na Gàidhealtachd 2 Sgioba Eòlas an Luchd-tadhail / Neach-leasachaidh Gnìomhachais Slighe Taobh an Iar na Gàidhealtachd 3 Manaidsear HR / Comhairliche nan Saor-thoileach / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail 4 Manaidsear HR 5 Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Sgioba Eòlais an Luchd-tadhail 6 Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail 7 Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Ag ionnsachadh na Gàidhlig	
Amas Àrd-ìre	Cruthaich goireasan Gàidhlig, stèidhichte air dualchas nàdair is cultarail na Pàirce Nàiseanta, ag amas air diofar ìrean de chomas Gàidhlig, ann an sgoiltean agus sa choimhearsnachd san fharsaingeachd.

Cleachdadh làithreach	Tha Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh, air foghlam agus air ionnsachaidh mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh, cho math ri bhith a' dèanamh na Gàidhlig nas buntainniche do bheatha dhaoine tro cheanglaichean ri chur-seachadan agus cultar. Ged nach eil uallach air Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta airson sgoiltean, tha foghlam na raon-obrach cudromach sa Phàirc Nàiseanta. Bidh sinn ag obair le farsaingeachd de dhaoine tro bhuidhnean sgoile, tursan coimhearsnachd agus tro obair Seirbheis nam Maor a bhios a' conaltradh ris na mìltean de luchd-tadhail gach bliadhna. Tha mothachadh mun Ghàidhlig mar phàirt de dh'obair nan sgiobaidhean seo mar-thà, a' gabhail a-steach luchd-obrach a bhith comasach air innse do dhaoine mu eileamaidean den t-sealladh-tìre leithid ainmean-àite, aibhnichean is beanntan a tha a' tighinn bhon Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	Tha e na rùn dhuinn a bhith a' cur ri tuigse air a' Ghàidhlig agus air àite na Gàidhlig sa bhuidhinn againn. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba: SP2-1. Bheir sinn a-steach goireasan ùra agus ùraichte ag amas air luchd-tadhail, a' gabhail a-steach bileagan, susbaint air-loidhne, goireasan foghlaim mu Chruthan-tìre ann an Litreachais ùraichte agus meadhanan sòisealta, gus a dhèanamh nas fhasa buileach gus Gàidhlig bhunaiteach ionnsachadh. Seallaidh sinn do dhaoine mu na diofar dhòighean agus àiteachan far an urrainn dhaibh cur ris an cuid eòlais air a' Ghàidhlig. SP2-2. Obraichidh sinn le 'luchd-buaidh' (<i>influencers</i>) iomchaidh aig a bheil Gàidhlig aig a bheil ceangal

	nàdarra ris a' Phàirc Nàiseanta (m.e. daoine a tha dèidheil air a' bhlàr a-muigh, luchd-buaidh a thaobh nàdair/na gnàth-shìde) gus a' Ghàidhlig a thoirt beò dhan luchd-leantainn air-loidhne agus far loidhne.
Ceann-latha targaid	1. Ùrachadh den t-susbaint co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus susbaint ann an Gàidhlig anns na stuthan clò-bhuailte agus air an làraich-lìn againn ro dheireadh 2025 le lèirmheasan bliadhna tro Eagra 3 2. Ùrachadh air susbaint Ghàidhlig agus susbaint cho-cheangailte ris a' Ghàidhlig air na seanailean meadhanan sòisealta againn fhèin ro dheireadh 2025 agus susbaint gu bhith air a chruthachadh gu leantainneach tro Eagra 3 air fad.
Uallach	Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: A' brosnachadh na Gàidhlig	
Amas Àrd-ìre	Stèidhich agus cùm suas buidheann gnìomhachaidh is leasachaidh Plana Gàidhlig a' gabhail a-steach riochdairean aig àrd-ìre. Glèidh, àrdaich agus cuir air adhart Gàidhlig is dualchas cultarail sgìre Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean airson buannachd luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail.
Cleachdadh làithreach	Tha Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Ghàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh nuair a nì sinn ath-sgrùdadh air na poileasaidhean is dòighean-obrach againn. Tha sinn den bheachd gu bheil na leasachaidhean seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

	Tha Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta cuideachd ag aithneachadh gum feumar mothachadh mun Ghàidhlig a neartachadh, agus tha e den bheachd gu bheil àite againn ri chluich ann an sin.
Gnìomhan a dhìth	SP3-1 Ath-stèidhich agus thoir fàs air a' bhuidhinn-obrach air an taobh a-staigh, le riochdairean aig àrd-ìre, a chuidicheas le bhith a' gluasad air adhart builean a' Phlana Ghàidhlig. SP3-2 Brosnaichidh sinn a' Ghàidhlig, an dà chuid tro na ceanglaichean eachdraidheil aice ri cruth-tìre na Pàirce Nàiseanta agus tron bhuntanas aice san latha againn fhèin tro chonaltradh pearsanta agus tro chothroman foghlaim. Cruthaichidh sinn susbaint bhrosnachail agus ruigsinneach do luchd-obrach, luchd-tadhail agus dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd, ag obair le luchd-taic cliùiteach na Gàidhlig ann an Alba gus an lean soirbheachadh na Gàidhlig. SP3-3 Nuair a thathar a' cruthachadh no ag ath-sgrùdadh phoileasaidhean agus mhodhan-obrach, nì Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta cinnteach gum bi brosnachadh na Gàidhlig mar phàirt de seo nuair a bhios cothrom ann. SP3-4 Brosnaichidh sinn cultar na Gàidhlig sa Phàirc agus cleachdaidh sinn na seanailean againn gus na dòighean anns an urrainn do dhaoine a dhol an sàs sa Phàirc tro ghnìomhachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a bhrosnachadh.
Ceann-latha targaid	1. Ath-stèidhich buidheann obrach air an taobh a-staigh ro 31 Faoilleach 2025. 2. Cruthaich susbaint bhrosnachail agus ruigsinneach sa Ghàidhlig agus gus tuigse air a' Ghàidhlig adhartachadh ro 31 Dùbhlachd 2025 le lèirmheasan bliadhnaile tro Eagran 3. 3. Amalaich taic dhan Ghàidhlig agus gèilleadh a thaobh na Gàidhlig nar pròiseasan leasachaidh

	poileasaidh agus ath-bhreithneachaidh an ath thuras a nithear sgrùdadh orra no ro 1 Giblean 2026. 4. Comharraich agus cruthaich cothroman gus cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh sa Phàirc ro dheireadh 2025 le lèirmheasan bliadhnail tro Eagran 3
Uallach	1. Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Stiùiriche Com-pàirteachaidh is Tionnsgalachd 2. Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail 3. Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear chorporra-innleachdail 4. Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail

3.2 AMASAN SEIRBHEISEAN Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air seata de dh'Amasan Seirbheis Corporra a chruthachadh a tha a' feuchainn ri prìomh dhleastanasan Gàidhlig a stannardachadh thar ùine. Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean air gabhail ris na h-Amasan Seirbheis Corporra a leanas airson ar Plana Gàidhlig airson 2024-2029:

3.2.1 Amas Seirbheisean Corporra 1: Inbhe

Buil a thathar ag iarraidh	(a) Suaicheantas agus brandd Amas an suaicheantas corporra a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Tha Gàidhlig follaiseach agus gu math faicsinneach nar dearbh-aithne chorporra ann an clò agus ann an conaltradh didseatach agus air soidhnichean. Tha tionndadh Gàidhlig againn de shuaicheantas corporra na Pàirce Nàiseanta agus tha an Stiùireadh Brandd againn ag ràdh gum feumar foillseachaidhean agus soidhnichean ùra sam bith an suaicheantas Gàidhlig a chleachdadh a' chiad no an dàrna thuras a thèid an suaicheantas a chleachdadh (bidh a' mhòr-chuid a' gabhail a-staigh an t-suaicheantais co-dhiù dà uair). Tha an suaicheantas Gàidhlig ri fhaicinn air gach

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

	duilleag den làrach-lìn againn ann am bratach a bhios a' tionndadh eadar na suaicheantas Beurla is Gàidhlig gach beagan dìogan. Tha Gàidhlig air soidhnichean inntrigidh dhan Phàirce. Tha Gàidhlig snaidhte sna ballachan glainne agus dorsan glainne sa phrìomh oifis againn agus sna ballachan glainne agus dorsan glainne san ionad-fàilte agus sna seòmraichean coinneimh againn. Tha an suaicheantas agus an stiùireadh branndaidh air a chomharrachadh dhan luchd-obrach mar phàirt den Trèanadh Mothachadh Gàidhlig a thathar a' tabhann dhan luchd-obrach air fad gach bliadhna.
Gnìomhan a dhith	CS1a-1 Mas e is gun dèan sin ath-dhealbhadh air a' phrìomh dhearbh-aithne chorporra againn, cuiridh sinn suaicheantas corporra agus brannd dà-chànanach air dòigh, a' nochdadh co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.
Ceann-latha targaid	Rè eagra 3 den Phlana Ghàidhlig
Uallach	Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail

Buil a thathar ag iarraidh	(b) Soidhnichean Bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Tha an Stiùireadh Com-pàirteachais is Soidhnichean againn a' gabhail a-steach riatanasan airson a bhith a' cleachdadh an t-suaicheantas Ghàidhlig nas trice. Tha a' mhòr-chuid de shoidhnichean sa Phàirc Nàiseanta a' gabhail a-steach susbaint Ghàidhlig co-cheangailte ri ainmean-àite agus fon Stiùireadh Soidhnichean againn, feumar cinn dà-chànanach a bhith air gach soidhne mineachaidh ùr agus feumar an suaicheantas Gàidhlig a chleachdadh gu cunbhalach.

	Tha e cudromach cuimhneachadh gur e fiosrachadh mìneachaidh mun Phàirc do luchd-tadhail a tha anns na soidhnichean a chruthaicheas a' Phàirc Nàiseanta. Tha uallach air na ceithir ùghdarrasan ionadail le uallach airson pàirtean den Phàirc agus aig Còmhdaidh Alba airson a bhith a' solarachadh nan soidhnichean rathaid uile.
Gnìomhan a dhith	CS1b-1 Bidh cinn dà-chànanach air gach soidhne mìneachaidh ùr le mìneachaidhean Gàidhlig is Beurla mar phàirt den dealbhadh. Nuair a thèid soidhnichean mìneachaidh ùra a chur an àite seann soidhnichean, bidh àrdachadh a ghabhas tomhas san ìre de shoidhnichean agus eadar-mhìneachadh Gàidhlig. CS1b-2 Nuair a thèid goireasan làithreach ath-dhealbhadh agus nuair a thèid goireasan ùra a chur nan àite, bheir sinn a-steach susbaint Ghàidhlig iomchaidh agus dòighean gus daoine a chuideachadh gus Gàidhlig ionnsachadh. Bheir sinn seachad ceanglaichean do bharrachd susbaint air-loidhne gus an urrainn do dhaoine cumail orra a' cur ris a' mhothachadh a th' aca air a' Ghàidhlig fiù 's às dèidh dhaibh a' Phàirc Nàiseanta fhàgail. CS1b-3 Dèan sgrùdadh cunbhalach air soidhnichean agus stuthan. Thèid mearachd sam bith air soidhnichean, mìneachadh no foillseachaidhean a chur ceart gu sgiobalta.
Ceann-latha targaid	1. Bidh cinn dà-chànanach air soidhnichean mìneachaidh ùra a thèid a chur an sàs rè Eagraan 3 den Phlana le mìneachaidhean Gàidhlig is Beurla mar phàirt den dealbhadh aca. 2. Nuair a thèid goireasan làithreach ath-dhealbhadh agus nuair a thèid goireasan ùra a chur nan àite ann an Eagraan 3 den Phlana, bidh iad a' gabhail a-steach susbaint Ghàidhlig iomchaidh agus dòighean gus daoine a chuideachadh gus Gàidhlig ionnsachadh.

	3. Dèan sgrùdadh air soidhnichean agus goireasan gach bliadhna agus faigh fuasgladh air mearachd sam bith gu luath tro Eagran 3 den Phlana.
Uallach	1. Manaidsear Oighreachd / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail. 2. Manaidsear Oighreachd / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail. 3. Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail/ Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Coileanaidh Corporra

3.2.2 Amas Seirbheisean Corporra 2: Conaltradh leis a' Phoball

Buil a thathar ag iarraidh	(a) Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball daonnan.
Cleachdadh làithreach	Bithear a' cur fàilte air luchd-tadhail do Phrìomh Oifis na Pàirce Nàiseanta dhan togalach ann an Gàidhlig agus Beurla agus tha sinn a' brosnachadh gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig aig an ionad-fàilte agus air an làraich-lìn againn. Tha taisbeanadh-shleamhnagan didseatach againn a tha follaiseach air sgrìn mòr san ionad-fàilte againn le tòrr fiosrachaidh mu ainmean-àite Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta, a bharrachd air soidhnichean a' cur fàilte air luchd-tadhail sa Ghàidhlig, abairtean Gàidhlig air an snaidheadh ann am ballachan an ionad-fàilte agus tha bileagan Gàidhlig mun Phàirc Nàiseanta rim faighinn. Ged nach eil gin den luchd-obrach againn fileanta sa Ghàidhlig, tha an t-in-sgrùdadh againn a' sealltainn gu bheil tuigse bhunaiteach aig 42% den luchd-obrach againn air a' Ghàidhlig no gu bheil beagan abairtean aca, agus gu bheil cothrom againn air seirbheisean eadar-theangachaidh gu furasta. Tha e mar chleachdadh àbhaisteach do luchd-obrach gun gabh iad pàirt ann an Trèanadh Mothachadh Gàidhlig bliadhnail agus gum faigh iad stiùireadh air mar a dhèiligeas iad ri ceistean bho luchd-labhairt na

	Gàidhlig. Thathar a' sgaoileadh an trèanaidh dhan luchd-obrach poblach gu lèir mar phrìomhachas.
Gnìomhan a dhìth	CS2a-1 Foillsichidh sinn ar Plana Gàidhlig aontaichte sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. CS2a-2 Bheir sinn trèanadh do luchd-obrach (a' toirt prìomhachas do luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dlùth ris a' phoball) gus am bi abairtean Gàidhlig bunaiteach aca a thuigeas iad agus as urrainn dhaibh a chleachdadh gus fàilte a chur air luchd-tadhail dhan Phàirc Nàiseanta no do dh'Ùghdarras na Pàirce. Brosnaichidh sinn an luchd-obrach uile a bhith a' cur ris an eòlas agus tuigse aca air a' Ghàidhlig gus an urrainn dhaibh a brosnachadh tro na lìonraidhean aca. CS2a-3 Thèid trèanadh no foghlam Gàidhlig adhartach a thabhann do luchd-obrach a tha airson na sgilean bunaiteach aca a thoirt air adhart
Ceann-latha targaid	1. Foillsichidh sinn ar Plana Gàidhlig deireannach ann an Gàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn aon uair 's gu bheil e air aontachadh (tha sinn an dùil gun tachair seo ro thoiseach 2025). 2. Trèanadh Gàidhlig bunaiteach (le fòcas air luchd-obrach a bhios ag obair leis a' phoball) gu bhith air a thabhann ro 31 Dùbhlachd 2025 agus gach bliadhna leis an amas gum bi 100% den luchd-obrach air trèanadh fhaighinn ro dheireadh Eagran 3. 3. Thèid trèanadh Gàidhlig a thabhann do luchd-obrach a tha airson sgilean bunaiteach a thogail ro 31 Dùbhlachd 2025 agus gach bliadhna tro eagran 3.
Uallach	1. Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail 2. Prìomh oifigear le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear HR 3. Prìomh oifigear le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear HR

Buil a thathar ag iarraidh	(b) Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga chur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.
Cleachdadh làithreach	Air an làraich-lìn againn agus ann an conaltradh sgrìobhte, cuiridh sinn an cèill gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltradh agus gun urrainn dhuinn foillseachaidhean a thoirt seachad sa Ghàidhlig ma thèid sin iarraidh. Tha cinn-litrichean agus branndadh Gàidhlig rim faighinn, agus bidh sinn ag adhartachadh ar dealas gu gnìomhach gus gabhail ri foirmean, agus gus an toirt seachad, sa Ghàidhlig (a' gabhail a-steach foirmichean ghearanan).
Gnìomhan a dhith	Nì sinn cinnteach gum bi aithris shoilleir air foirmean agus air an làraich-lìn ùr agus nì sinn cinnteach gun tèid freagairt Ghàidhlig a lìbhrigeadh airson conaltradh sam bith sa Ghàidhlig. Gheibh freagairtean do cheistean sa Ghàidhlig freagairt taobh a-staigh nan aon clàran-ama reachdail ri freagairtean tro mheadhan na Beurla. Cumaidh sinn sùil air an àireamh de phuist-d/litrichean a gheibhear sa Ghàidhlig airson adhbharan aithris.
Ceann-latha targaid	CS2b-1 Ùraich susbaint Ghàidhlig mar phàirt de dh'ath-dhealbh na làraich-lìn (thathar an dùil gun tachair seo ro dheireadh 2025). CS2b-2 Cùm sùil air an àireamh de phuist-d/litrichean a gheibhear sa Ghàidhlig airson adhbharan aithris gach bliadhna tro eagan 3.
Uallach	1. Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail 2. Manaidsear Taic Luchd-stiùiridh is Gnìomhachais, Beulaibh an Taighe

Buil a thathar ag iarraidh	(c) Fàilteachas is fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis
-----------------------------------	---

	dhan phoball.
Cleachdadh làithreach	Bidh sinn a’ brosnachadh air an làraich-lìn againn agus air soidhnichean aig an ionad-fàilte gum bi sinn a’ cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig agus gun urrainn dhuinn a h-uile foirm agus foillseachadh a thoirt seachad sa Ghàidhlig ma thèid seo iarraidh. Tha duilleag agus foirm Ghearanan Gàidhlig air an làraich-lìn againn. Tha clàr de ghearanan air a chumail taobh a-staigh ar dleastanas aithris Riaghlaidh.
Gnìomhan a dhith	CS2c-1. Dèan cinnteach gu bheil luchd-obrach beulaibh an taighe (ionad-fàilte agus bòrd-suidse) comasach air ceistean Gàidhlig a fhreagairt gu h-ìomchaidh agus fiosrachadh a thoirt seachad air Gàidhlig sa Phàirc, agus gun urrainn dhaibh daoine a stiùireadh gu goireasan ìomchaidh air-loidhne no clò-bhuailte gus barrachd ionnsachadh. CS2c-2 Bheir sinn trèanadh do luchd-obrach (a’ toirt prìomhachas do mu 150 neach-obrach beulaibh an taighe agus a tha ag obair gu dlùth le luchd-tadhail) gus am bi abairtean Gàidhlig bunaiteach aca a thuigeas iad agus as urrainn dhaibh cleachdadh nuair a chuireas iad fàilte air luchd-tadhail dhan Phàirc Nàiseanta no do dh’Ùghdarras na Pàirce. Brosnaichidh sinn an luchd-obrach uile a bhith a’ cur ris an eòlas agus tuigse aca air a’ Ghàidhlig gus an urrainn dhaibh a brosnachadh tro na lìonraidhean aca. CS2c-3 Trèanadh Gàidhlig adhartach ga thabhann do luchd-obrach a tha airson sgilean bunaiteach a thogail ro dheireadh 2028/29. CS2c-4 Dèan cinnteach gum bi tairgse ghnìomhach na Gàidhlig follaiseach agus gu bheilear a’ cumail sùil air àireamhan nan iarrtasan airson adhbharan aithris.

Ceann-latha targaid	1. Tha trèanadh aig luchd-obrach beulaibh an taighe (ionad-fàilte agus bòrd-suidse) gus leigeil leotha cheistean Gàidhlig a fhreagairt gu iomchaidh ro 31 Dùbhlachd 2025. 2. Trèanadh ùrachaidh air a thabhann dhan luchd-obrach air fad ro 31 Dùbhlachd 2025 agus gach bliadhna tron Phlana gus am bi an luchd-obrach air fad air trèanadh fhaighinn ro dheireadh Eagan 3. 3. Trèanadh adhartach Gàidhlig air a thabhann do luchd-obrach a tha airson sgilean bunaiteach a thogail ro 31 Dùbhlachd 2025 agus gach bliadhna tro eagan 3. 4. Dèan cinnteach gum bi tairgse ghnìomhach na Gàidhlig follaiseach ro 31 Dùbhlachd 2025 agus cùm sùil air an àireamh de dh'iarrtasan gach bliadhna tro bheatha Eagan 3 den Phlana.
Uallach	1. Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Taic Luchd-stiùiridh is Gnìomhachais 2. Prìomh oifigear le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear HR 3. Prìomh oifigear le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear HR 4. Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail / Manaidsear Taic Luchd-stiùiridh is Gnìomhachais.

Buil a thathar ag iarraidh	(d) Coinneamhan poblach Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.
Cleachdadh làithreach	Faodaidh seirbheis eadar-theangachadh mar aon sa Ghàidhlig a thoirt seachad aig coinneamhan far a bheil buidhnean eile, luchd co-òrdanachaidh no buill den phoball air iarrtas a dhèanamh airson na seirbheis seo.

	Tha tairgse ghnìomhach ann air eadar-theangachadh Gàidhlig aig coinneamhan poblach, ach cha deach seo iarraidh fhathast.
Gnìomhan a dhìth	CS2d-1 Thèid sheirbheisean eadar-theangachaidh mar aon a thabhann gu gnìomhach ro-làimh agus thèid seo a chur an cèill ann am fiosan reachdail mu choinneamhan a tha gu bhith ann. CS2d-2 Bithear a' cumail sùil air àireamh nan iarrtasan a gheibhear airson adhbharan aithris.
Ceann-latha targaid	1. Cleachdadh air ùrachadh ro 31 Dùbhlachd 2025. 2. Cùm sùil air an àireamh de dh'iarrtasan tro Eagraan 3 den Phlana.
Uallach	1. Manaidsear Coileanaidh Corporra 2. Manaidsear Taic Luchd-stiùiridh is Gníomhachais.

3.2.3 Amas Seirbheisean Corporra 3: Fiosrachadh

Buil a thathar ag iarraidh	(a) Fiosan Naidheachd Bithear a' sgaoileadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Bidh sinn a' feuchainn gu gnìomhach gus sgeulachdan fhaighinn anns na meadhanan Gàidhlig agus a' cleachdadh eadar-theangachadh Gàidhlig sna 'Nòtaichean do luchd-deasachaidh' againn. Tha BBC Alba air ar liosta àbhaisteach againn de na meadhanan dham bi sinn a' cur a h-uile fios naidheachd agus air am bi sinn ag amas le sgeulachdan iomchaidh.
Gnìomhan a dhìth	CS3a-1 Cumaidh sinn oirnn a bhith for-ghnìomhach nar dòigh-obrach le BBC Alba agus seanailean meadhanan Gàidhlig eile, agus a bhith a' brosnachadh naidheachdan àrd-iomhaigh do na meadhanan Gàidhlig. CS3a-2 Cùm sùil air aithrisean sna meadhanan Gàidhlig airson adhbharan aithris.
Ceann-latha targaid	1. Leantainneach agus gach bliadhna tro Eagraan 3. 2. Cùm sùil air an àireamh de dh'iarrtasan tro Eagraan 3 den Phlana.
Uallach	1. Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

	2. Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail / Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig
--	--

Buil a thathar ag iarraidh	(b) Meadhanan Sòisealta Barrachd susbaint Gàidhlig, air a' sgaoileadh gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de luchd-cleachdaidh aig an àm seo agus den ìre a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd.
Cleachdadh làithreach	Bidh sinn a' cruthachadh agus a' co-roinn susbaint Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta, gu sònraichte susbaint co-ceangailte ri iomairtean Mothachaidh Gàidhlig agus pròiseactan sònraichte leithid Com-pàirteachas Cruth-tìre Chalasraid no Slighe Taobh an Iar na Gàidhealtachd. Tha an t-susbaint seo a' còrdadh gu mòr ris an luchd-obrach Mar eisimpleir, ann an 2024 chùim sinn iomairt anns an robh an neach-conaltraidh Gàidhlig agus preasantair TBh Calum MacIlleathain agus rothaiche Geamannan a' Cho-fhlaitheis Kerry Nic a' Phì an sàs.
Gnìomhan a dhith	CS3b-1 Leanaidh sinn oirnn a' cruthachadh agus a' brosnachadh susbaint a bharrachd mun Ghàidhlig, agus susbaint sgrìobhte sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach fios dhan phoball air mar as urrainn dhaibh eadar-obrachadh leinn, agus cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh na Gàidhlig agus a ròl sa Phàirc Nàiseanta air na meadhanan sòisealta. CS3b-2 Cumaidh sinn suas agus cruthaichidh sinn susbaint a bhrosnaicheas deagh eadar-obrachaidh agus bidh sinn a' sireadh chothroman a bharrachd gu gnìomhach gus co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig, na co-obrachaidhean againn aig Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, no eile. CS3b-3 Cumaidh sinn sùil air ruigsinneachd (cia mheud duine a chì an t-susbaint) agus com-pàirteachadh (likes, beachdan agus co-roinnean) air na meadhanan sòisealta airson adhbharan aithris agus gus susbaint a leasachadh.

Ceann-latha targaid	1. Leantainneach tro bheatha a' Phlana agus gach bliadhna tro Eagran 3. 2 Cùm sùil air àireamh nan iarrtasan bliadhnail tro Eagran 3 den Phlana.
Uallach	Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail

Buil a thathar ag iarraidh	(c) Làrach-lìn Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarras phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.
Cleachdadh làithreach	Tha Gàidhlig ri faicinn gu follaiseach air a h-uile duilleag leis an t-suaicheantas Ghàidhlig a' nochdadh gach beagan diogan air a' bhann-cinn. Tha earrann san làraich-lìn againn mu eachdraidh na Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta. Tha iomadh iomradh follaiseach air an làraich gu bheil sinn cur fàilte air daoine a bhith a' cur fios thugainn sa Ghàidhlig agus gum faodar lethbhreacan de fhoillseachaidhean iarraidh sa Ghàidhlig, agus tha làn eadar-theangachadh air earrann nan gearanan againn. Thathar an dùil gun tèid an làrach-lìn ath-dhealbhadh agus ùrachadh ann an 2025.
Gnìomhan a dhìth	CS3c-1 Mar phàirt de dh'ath-leasachadh làrach-lìn na Pàirce Nàiseanta cuiridh sinn ri follaiseachd na Gàidhlig agus ri susbaint anns a' Ghàidhlig air an làrach-lìn againn agus nì sinn cinnteach, cho math ri fiosrachadh reachdail, gu bheil an t-susbaint Ghàidhlig san fharsaingeachd a tha ann tarraingeach agus brosnachail. Nì sinn ath-sgrùdadh agus leudachadh air susbaint Ghàidhlig agus susbaint foghlaim air an làraich-lìn againn gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt seachad fios air dòighean agus daoine iomchaidh gus a' Ghàidhlig a thoirt beò.
Ceann-latha targaid	Dèan lèirmheas air agus leudaich susbaint Ghàidhlig is tro mheadhan na Gàidhlig mar phàirt de dh'ath-

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

	dhealbhadh na làraich-lìn againn, ris a bheil dùil ro 31 Dùbhlachd 2026 agus thèid cur ris an t-susbaint gach bliadhna às dèidh sin.
Uallach	Manaidsear Conaltraidh Didseatach / Comhairliche Foghlaim is In-ghabhail / Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	(d) Foillseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine
Cleachdadh làithreach	Bidh sinn a' dèanamh agus a' sgaoileadh bileag coitcheann mun Phàirc Nàiseanta sa Ghàidhlig, a bharrachd air a' bhileig 'What's in a Name' mu ainmean-àite Gàidhlig agus eachdraidh chultarail na Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta. Bidh sinn a' cur eileamaidean Gàidhlig (ainmean, fàilte agus fo-thiotalan dà-chànanach) anns a h-uile foillseachadh do luchd-tadhail. Bidh sinn a' toirt seachad tionndaidhean Gàidhlig no dà-chànanach de dh'fhoillseachaidhean corporra Tha ro-ràdh Gàidhlig anns na prìomh sgrìobhainnean poileasaidh is reachdail againn. Tha an suaicheantas Gàidhlig a' nochdadh anns a h-uile foillseachadh a' chiad no an dàrna turas a thèid an suaicheantas a chleachdadh, a rèir ar stiùiridhean brannd (bidh a' mhòr-chuid a' gabhail a-staigh an t-suaicheantais co-dhiù dà uair). Tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean eadar-theangachaidh a tha air an toirt seachad do dh'Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta a thaobh a' Phlana Ghàidhlig de chàileachd àrd, chunbhalach. Thèid an t-eadar-theangachadh uile aig an àm seo, agus san àm ri teachd, a dhèanamh às ar leth le buidheann eadar-theangachaidh air an taobh a-muigh. Tha sinn a' leantainn oirnn a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh cliùiteach agus àrd-inbhe airson susbaint Ghàidhlig aig an àm seo agus san àm ri teachd.

Gnìomhan a dhith	CS3d-1 Cumaidh sinn oirnn a’ toirt seachad ro-ràdhan Gàidhlig nar phrìomh sgrìobhainnean poileasaidh agus reachdail. Meudaichidh/leudaichidh sinn solarachadh de dh’fhoillseachaidhean corporra sa Ghàidhlig no le teacsa dà-chànanach thairis air an ath còig bliadhna. CS3d-2 Far an urrainn dhuinn luchdachadh sìos a thomhas (tro anailis dhidseatach) no an àireamh de lethbhreacan a chaidh a thogail a thomhas, cleachdaidh sinn am fiosrachadh seo gus cuideachadh le sgrùdadh agus gus an ath ghinealach de shusbaint Ghàidhlig fhiosrachadh.
Ceann-latha targaid	1. Meudaich/leudaich solarachadh de dh’fhoillseachaidhean corporra sa Ghàidhlig no le teacsa dà-chànanach ro 31 Dùbhlachd 2029. 2. Cùm sùil air an àireamh de dh’iarrtasan tro Eagran 3 den Phlana.
Uallach	Manaidsear Conaltraidh Didseatach / Manaidsear Coileanaidh Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	(e) Taisbeanaidhean Bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a’ bhuaidh as motha.
Cleachdadh làithreach	Tha raon de stuthan againn airson tachartasan leis a’ bhrannnd againn air, a’ gabhail a-steach pop-ups le branndadh na Pàirce Nàiseanta sa Ghàidhlig. Tha branndadh Gàidhlig follaiseach air gach taobh den Ionad Luchd-tadhail Gluasadach againn aig an àm seo, a tha ga thoirt gu tachartasan air feadh na Pàirce Nàiseanta fad an t-seusain le ar saor-thoilich agus Seirbheis nam Maor. Tha na bileagan Gàidhlig agus a’ bhileag ‘What’s in a Name’ air an toirt a-mach ann an stanndaichean nam bileagan ann an ionad an luchd-tadhail. Tha fiosrachadh mu na stuthan Gàidhlig a tha rim faighinn san leabhar-làimhe airson tachartasan.

Gnìomhan a dhith	CS3e-1 Cuiridh sinn ri faicsinneachd nan tionndaidhean Gàidhlig àrd-ìomhaigh den bhrann-dadh againn aig tachartasan agus air stuthan clò-bhuailte co-cheangailte riutha. CS3e-2 Siridh sinn chothroman gus ceangal a dhèanamh ri com-pàirtichean nuair a bhios sinn a' frithealadh thachartasan nàiseanta agus cruthaichidh sinn dòigh-obrach cho-obrachail gus cothroman tarraingeach agus brioghmhor a libhrigeadh a bheir a' Ghàidhlig beò.
Ceann-latha targaid	31 Dùbhlachd 2028
Uallach	Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail / Sgioba Eòlas an Luchd-tadhail / Manaidsearan Seirbheis nam Maor-dùthcha.

3.2.4 Amas Seirbheisean Corporra 4: Luchd-obrach

Buil a thathar ag iarraidh	(a) In-sgrùdadh Dèan sgrùdadh de sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne rè beatha gach eagrair den phlana.
Cleachdadh làithreach	Nì Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta lèirmheas bliadhnail air na comasan agus na goireasan Gàidhlig làithreach againn. Chaidh feart a thoirt air toraidhean an ath-bhreithneachaidh seo nuair a bha sinn a' cruthachadh ghealltanasan san eagrair seo, agus tha iad air ar cuideachadh ann a bhith a' dearbhadh ciamar a bhios sinn a' steidhicheadh, a' cumail suas no a' leasachadh chleachdaidhean agus mar a chuireas sinn ri mothachadh agus cleachdadh na Gàidhlig, agus ri mothachadh mun phàirt chudromach a th' aice ann am beatha chultarach agus cruth-tìre na Phàirce Nàiseanta.
Gnìomhan a dhith	CS4a-1 Dèan sgrùdadh air sgilean agus mothachadh Gàidhlig am measg luchd-obrach gach bliadhna – bidh seo a' gabhail a-steach ceist a' faighneachd do luchd-obrach am biodh ùidh aca ann am barrachd trèanaidh ann an sgilean Gàidhlig san obair. Cleachd na toraidhean bho seo (a' gabhail a-steach iarrtasan agus feumalachdan trèanaidh luchd-obrach) gus buaidh a

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

	thoirt air gnìomhachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig le luchd-obrach airson na bliadhna ri teachd agus gus solar trèanaidh fhiosrachadh.
Ceann-latha targaid	Sgrùdaidhean bliadhnail fad beatha Eagran 3, air aithris do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna.
Uallach	Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig, Sgioba Taic Luchd-stiùiridh is Gnìomhachais

Buil a thathar ag iarraidh	(b) Inntrigeadh Bidh fios mu phlana Ghàidhlig an ùghdarrais phoblaich agus mu chothroman trèanaidh Gàidhlig air a leabachadh anns an inntrigeadh aig luchd-obrach ùra uile
Cleachdadh làithreach	Mar phàirt den phròiseas inntrigidh do luchd-obrach ùra, tha Stiùireadh Brannd agus prìomh amasan a' Phlana Ghàidhlig againn air am mìneachadh, a' gabhail a-steach ar dealas a bhith a' cleachdadh, ag adhartachadh agus a' comharrachadh chothroman gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a cho-roinn san obair ùir aca.
Gnìomhan a dhith	CS4b-1 Cruthaich modal mothachaidh Gàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh dhan luchd-obrach air fad. A bharrachd air a' mhodal seo, bidh trèanadh mothachaidh Gàidhlig air-loidhne/aghaidh-ri-aghaidh ann do luchd-obrach gach bliadhna. Amas air ìre com-pàirt de 100% san trèanadh seo rè beatha an treas eagran seo den Phlana Ghàidhlig.
Ceann-latha targaid	31 Dùbhlachd 2029
Uallach	Manaidsear HR / Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson an Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	(c) Trèanadh cànan Trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu bhith air a libhrigeadh dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.
-----------------------------------	---

Cleachdadh làithreach	Bithear a' tabhann Trèanadh Sgilean Gàidhlig dhan luchd-obrach air fad gach bliadhna. Bha an trèanadh as ùire a' gabhail a-steach mu 100 luchd-obrach agus saor-thoilich ann an 2023/24
Gnìomhan a dhith	CS4c-1 Cuiridh sinn barrachd chùrsaichean Trèanaidh Gàidhlig air dòigh do luchd-obrach làithreach is ùr, a' toirt prìomhachas dhan luchd-obrach phoblach againn, thar nan còig bliadhna den eagraan seo. Tha sinn ag amas air a lìbhrigeadh dhan a h-uile neach-obrach stèidhichte sa phrìomh oifis agus seo fhosgladh do bhuidhnean com-pàirteachais agus/no coimhearsnachd. CS4c-2 Cleachdaidh sinn na dòighean conaltraidh againn air an taobh a-staigh gus fiosrachadh a thoirt do luchd-obrach air cothroman trèanaidh Gàidhlig. Ma tha e iomchaidh airson dreuchd, cuidichidh sinn le maoineachadh airson barrachd trèanaidh Gàidhlig.
Ceann-latha targaid	Thèid trèanadh ùrachaidh agus cothroman trèanaidh a bharrachd a thabhann ro 31 Dùbhlachd 2025 agus gach bliadhna tro Eagraan 3.
Uallach	Prìomh oifigear le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear HR Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Conaltradh Ro-innleachdail/ HR

Buil a thathar ag iarraidh	(d) Trèanadh mothachaidh Trèanadh mothachaidh Gàidhlig ga lìbhrigeadh, le prìomhachas ga thoirt do dh'àrd luchd-obrach, prìomh dhaoine eile a nì co-dhùnaidhean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.
Cleachdadh làithreach	Bithear a' tabhann Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig dhan luchd-obrach air fad gach bliadhna. Bha an trèanadh as ùire a' gabhail a-steach mu 100 luchd-obrach agus saor-thoilich ann an 2023/24.
Gnìomhan a dhith	CS4d-1 Ag amas air an ìre de chom-pàirt luchd-obrach ann an trèanadh Mothachadh Gàidhlig àrdachadh gu 100% thar beatha an eagrain seo den Phlana Ghàidhlig.

Ceann-latha targaid	Trèanadh ùrachaidh dhan a h-uile neach-obrach air a thabhann ro 31 Dùbhlachd 2025 agus gach bliadhna tro eagan 3.
Uallach	Manaidsear HR

Buil a thathar ag iarraidh	(e) Fastadh Tha sgilean Gàidhlig air an aithneachadh agus air am meas anns a' phròiseas fastaidh air feadh an ùghdarrais phoblaich Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.
Cleachdadh làithreach	Ann an trusadh, cumaidh sinn ri riaghailtean na Seirbheis Catharra a thaobh farpais chothromach is fhosgailte. A rèir nàdar na dreuchd, thathar ag aithneachadh na Gàidhlig mar fheart obrach ion-mhiannaichte airson nan obraichean bàna againn. Far a bheil feum air sgilean Gàidhlig gus an dreuchd a choileanadh, thèid an comharrachadh mar sgilean riatanach agus thèid seo a shanasachadh.
Gnìomhan a dhith	CS4e-1 Nì sinn ath-sgrùdadh air cothroman gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh taobh a-staigh nam poileasaidhean Goireasan Daonna againn.
Ceann-latha targaid	An ath thuras a thèid seo ath-sgrùdadh, no ro 31 Dùbhlachd 2027 ma tha sin nas tràithe.
Uallach	Manaidsear HR

3.2.5 Amas Seirbheisean Corporra 5: Corras na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	(a) Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.
Cleachdadh làithreach	Cleachdaidh sinn an tionndadh as ùire de Ghnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig agus ainmean-àite a rèir comhairle Ainmean-àite na h-Alba. Chithear eisimpleir de na goireasan a tha sinn air cruthachadh mun Ghàidhlig agus mu Chruth-tìre na Pàirce Nàiseanta air an làraich-lìn againn. www.lochlomond-trossachs.org/our-gaelic-culture
Gnìomhan a dhith	Dèan cinnteach gu bheil ar conaltradh sgrìobhte uile sa Ghàidhlig a' leantainn nan Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig as ùire.
Ceann-latha targaid	Thèid na stuthan làithreach is ùra ath-sgrùdadh agus ùrachadh ro 31 Dùbhlachd 2029.
Uallach	Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail

Buil a thathar ag iarraidh	(b) Ainmean-àite Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a' cleachdadh goireasan Ainmean-Àite na h-Alba (a' bhuidheann-comhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite Gàidhlig ann an Alba) agus bidh sinn a' sireadh comhairle air ainmean-àite agus cothroman airson a bhith a' co-obrachadh air pròiseactan.
Gnìomhan a dhith	Cleachd na goireasan aig Ainmean-Àite na h-Alba agus faigh comhairle air ainmean-àite agus cothroman airson a bhith ag obair còmhla air pròiseactan.
Ceann-latha targaid	Thèid na stuthan làithreach is ùra ath-sgrùdadh agus ùrachadh ro 31 Dùbhlachd 2029.
Uallach	Prìomh oifigear sa bhuidhinn le uallach airson na Gàidhlig / Manaidsear Conaltraidh Ro-innleachdail

4 CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBRAICH COILEANAIDH NÀISEANTA

- 4.1 Tha dealas aig Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta a bhith a' coileanadh nam builean a stèidhich Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Tha am Frèam a' gabhail a-steach builean fo na cinn: Clann is Daoine Òga, Coimhearsnachdan, Cultar, Eaconamaidh, Foghlam, Àrainneachd, Obair Chothromach is Gnìomhachas, Slàinte, Còraichean Daonna, Eadar-nàiseanta agus Bochdainn.
- 4.2 Bhathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air an Fhrèama Coileanaidh Nàiseanta nuair a chaidh am plana seo fhoillseachadh.
- 4.3 Gu sònraichte, tha ar n-obair a dh'ionnsaigh Plana Gàidhlig ruigsinneach agus in-ghabhalach a' cur ris na builean a leanas:

Tha daoine ann an Alba:

A' cur luach ann an agus a' gabhail tlachd nan Àrainneachd agus ga dìon is ga leasachadh (Àrainneachd)

- Le eaconamaidh a tha farpaiseach aig ìre na cruinne, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach (Eaconamaidh)
- Fallain agus gnìomhach (Slàinte)
- A' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte (Coimhearsnachdan)

Tro libhrigeadh, tha sinn cuideachd a' cur ri coileanadh nan Amasan Nàiseanta seo: Tha daoine ann an Alba...

- Fosgailte, ceangailte agus a' toirt deagh bhuaidh gu h-eadar-nàiseanta (Eadar-nàiseanta)
- Fhad 's a tha sinn a' fàs suas, tha sinn sàbhailte is tha gaol is spèis gan nochdadh dhuinn gus an urrainn dhuinn na tha comasach dhuinn a choileanadh (Clann is Òigridh)
- Air an deagh oideachadh is le deagh sgilean agus comasach air cur ris a' chomann-shòisealta (Foghlam)
- Le gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach, le deagh obraichean agus obair chothromach ann dhan a h-uile duine (Obair is Gnothachas Cothromach)
- A tha cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte aca air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine gu farsaing (Cultar)

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

- 4.4 Airson barrachd fiosrachaidh mu Amasan Ro-innleachdail na h-Alba, faic nationalperformance.gov.scot/

1 FOILLSEACHACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA

4.5 AIR AN TAOBH A-STAIGH

- 4.5.1 Gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air na dleastanasan aca fon Phlana Ghàidhlig againn agus air na cothroman a tha e a' toirt dhaibh, nì sinn na leanas:

- Sgaoilidh sinn fios mun phlana tro phost-d, coinneamhan an luchd-obrach uile agus tro irisean luchd-obrach agus duilleagan eadar-lìn sònraichte.
- Cruthaich cothroman do luchd-obrach a dhol an sàs ann an ùr-ghnàthachadh, co-obrachadh agus conaltradh, gu sònraichte am measg an luchd-obrach a tha an sàs gu dealasach ann a bhith ag ionnsachadh agus a' brosnachadh na Gàidhlig.
- Bidh co-obraichean aig a bheil pàirt chudromach ann a bhith a' libhrigeadh bhuilean agus gnìomhan a' Phlana an sàs ann am buidheann a' Phlana Ghàidhlig
- Cruthaich àrainneachd far a bheil luchd-obrach, saor-thoilich, com-pàirtichean agus custamairean a' cur fàilte air com-pàirt saor-thoileach/roghnach.

4.6 BUNAIT FIANAIS AIR AN TAOBH A-MUIGH

- 4.6.1 Thèid Plana Ghàidhlig Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd dà-chànanach a' foillseachadh a' phlana agus a' sireadh chothroman gus am plana ùr a bhrosnachadh tro chraoladairean tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla
- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- nì sinn cinnteach gu bheil na buidhnean com-pàirteachais againn mothachail air an tionndadh às ùire den Phlana Ghàidhlig againn, agus mar as urrainn dhaibh cuideachadh gus amasan sa phlana a libhrigeadh.

- nì sinn cinnteach gu bheil ceanglaichean aig buidhnean Gàidhlig iomchaidh agus buidhnean iomchaidh eile dhan tionndadh as ùire den Phlana Ghàidhlig againn
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

5 A' GOIREASACHADH A' PHLANA

- 5.1 Bidh gnìomhachdan àbhaisteach air an gabhail a-steach agus air an goireasachadh tro bhuidseatan Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta a thathar ag aontachadh gach bliadhna le Riaghaltas na h-Alba.
- 5.2 Siridh sinn agus nì sinn tagraidhean airson maoineachadh tabhartais far an tèid cothroman a bharrachd a chomharrachadh gus pròiseactan leasachail a thoirt air adhart.

6 A' SGRÙDADH A' PHLANA

- 6.1 Co-dhùnaidh an Sgioba-stiùiridh cò leis am bi an t-uallach airson sgrùdadh agus aithris bhliadhnail air adhartas mu choinneamh an eagrain as ùire den Phlana Ghàidhlig againn. Nì an sgioba (na sgiobannan) air a bheil uallach aithris bliadhnail air targaidean a' phlana gach bliadhna, agus nì iad aithris air soirbheachadh no eile nam prìomh ghealltanasan. Thèid seo a dhèanamh ann an co-chomhairleachadh le, agus le aonta bho Bhòrd na Gàidhlig.

7 AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH

7.1 UALLACH AIRSON A' PHLANA GHÀIDHILG AIG A' CHEANN THALL

- 7.1.1 Bidh an t-Àrd-oifigeir cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun coilean sin na gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo. 'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean:

Anna MacLean

Stiùiriche Com-pàirteachais is Tionnsgalachd

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean

Carrochan

Rathad Charrochan

Bealach G83 8EG

01389 722600

Post-d: info@lochlomond-trossachs.org

7.2 UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

- 7.2.1 Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air uallach obrachaidh airson cur an gnìomh làitheil a' phlana aig an àm seo. Nuair a thèid seo aontachadh, thèid am fiosrachadh fhoillseachadh anns an dreach aontaichte deireannach den Phlana. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur thuca.

7.3 BUILEACHADH IS SGRÙDAIDH A' PHLANA GHÀIDHLIG

- 7.3.1 Bidh Buidheann-obrach Plana Gàidhlig a' cuideachadh a' phrìomh oifigeir agus a' dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig leabaichte taobh a-staigh structar corporra Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta. Coinnichidh a' Bhuidheann gach ràithe aig a' char as lugha.
- 7.3.2 Bidh àrd-luchd-stiùiridh air an riochdachadh air a' Bhuidhinn seo, agus bidh i a' tarraing air luchd-obrach air feadh na buidhne le uallach airson a bhith a' cruthachadh, a' buileachadh agus a' sgrùdadh a' phlana. . Dh'fhaodte gun atharraich ballrachd na buidhne seo thar beatha a' Phlana, a rèir nan sgilean agus nan roinnean a tha a dhìth aig an àm. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach daoine aig a bheil beagan Gàidhlig agus aig a bheil ùidh mhòr san raon obrach seo.

7.3.3 Bidh an tionndadh aontaichte mu dheireadh den Phlana Ghàidhlig a' mìneachadh na ballrachd a thathar a' moladh dhan bhuidhinn seo. Bidh a' bhallrachd air a dèanamh suas den fheadhainn a tha air an ainmeachadh mar dhaoine le uallach airson nan gnìomhan san eagraan seo den Phlana.

7.4 A' CONALTRADH LE LUCHD-OBACH

7.4.1 Is urrainn dhan luchd-obrach, dhan Bhòrd agus do na saor-thoilich air fad againn cur ri gnìomhachadh agus leabachadh a' Phlana againn. Le bhith a' stèidheachadh buill Buidheann Obrach a' Phlana Ghàidhlig againn, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad aig ìre àrd gu leòr, agus a' dèanamh feum air an dealas mar 'ghaisgich na Gàidhlig', sgaoilidh sinn agus cuiridh sinn an gnìomh ar geallaidhean dhan chànan air feadh na buidhne.

7.4.2 Leanaidh sinn oirnn a' cleachdadh nan dòighean conaltraidh air an taobh a-staigh, gu h-àraidh na h-àiteachan sònraichte againn air an eadra-lìon agus na h-àiteachan fiosaigeach timcheall air na togalaichean againn, gus conaltradh a dhèanamh le luchd-obrach air cùisean co-cheangailte ris a' Phlana Ghàidhlig againn agus a' toirt taic do phròiseactan, a' comharrachadh choileanaidhean agus chlachan-mìle, agus ag innse mu chothroman gus barrachd ionnsachaidh agus gus pàirt a ghabhail ann. Bidh sinn for-ghnìomhach le taic do luchd-obrach le ullachaidhean sònraichte sa phlana le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad follaiseach ann an amasan.

7.4.3 Tha Ullachaidhean Rianachd airson Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig a' gabhail a-steach:

- Tha am plana seo na phoileasaidh aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean agus chaidh aontachadh leis an dà chuid an sgioba Stiùiridh againn agus le Bòrd a' Phàirc Nàiseanta.
- Uallach Iomlan: Bidh an t-Àrd-oifigeir cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun coilean Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta na gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo.
- Luchd-obrach fa leth: Thèid innse do luchd-obrach far a bheil am Plana suidhichte air na siostaman a-staigh againn agus thèid iarraidh orra coimhead air.
- Coinneamhan cunbhalach aig Buidheann Obrach a' Phlana Ghàidhlig.
- Thèid sùil a chumail air conaltradh luchd-obrach san fharsaingeachd leis a' Phlana Ghàidhlig tro shuirbhidh dhan luchd-obrach air fad a nithear uair sa bhliadhna, agus tro bhith a' dèanamh ùrachadh bliadhnaile air an Lèirmheas air Comasan Gàidhlig. Thèid na toraidhean a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig mar phàirt de na h-Aithisgean Adhartais bhliadhnaile air a' Phlana Ghàidhlig againn.

Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (2025 – 2030)

7.5 BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH IS TREAS PÀRTAIDHEAN

- 7.5.1 Tha na seirbheisean a tha air an lìbhrigeadh le Ùghdarras a' Phlana Nàiseanta a thaobh a' Phlana Ghàidhlig mar a leanas:

Seirbheisean Eadar-theangachaidh air an toirt seachad le Global Language Services Ltd, Craig House, 60 – 64 Sràid Darnley, Glaschu G41 2SE.

- 7.5.2 Thèid seiseanan Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach a sholarachadh gach bliadhna. Thèid an solaraiche as iomchaidh a thaghadh a rèir nam feumalachdan aig an àm sin agus air na cuòtaichean agus molaidhean a gheibhear.

- 7.5.3 Feuchaidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta ri dhèanamh cinnteach, far a bheil e iomchaidh, gu bheil aontaidhean no rèiteachaidhean air an dèanamh le treas phàrtaidhean, a' buntainn ri lìbhrigeadh a sheirbheisean dhan phoball, a' leantainn teirmichean a' Phlana seo. Far a bheil e iomchaidh, bheir sinn seachad lethbhreacan de Stiùireadh a' Phlana Nàiseanta air Brannd agus Soidhnichean, a tha a' gabhail a-steach stiùireadh air a' Ghàidhlig. Tha an gealltanais seo a' gabhail a-steach seirbheisean a dh'fhaodadh a bhith air a chur a-mach air cùmhnannt. Far nach eil Plana Gàidhlig aig an treas phàrtaidh, brosnachidh sinn iad gus teirmichean a' Phlana Ghàidhlig againn a leantainn agus a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid innse dhan luchd-obrach aca mu chumhachan a' Phlana.

Pàipear-taice 1 – Sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach (an Lùnastal 2023)

Responses Overview Closed



1. What level of awareness of Gaelic language do you have?

I'm fluent in Gaelic	0
I have a basic understanding of Gaelic language	2
I know a few Gaelic phrases	50
I do not know any Gaelic	71



2. Have you ever had any Gaelic language training, either while working for the National Park Authority or elsewhere?

Yes	53
No	70



3. Would you be interested in being part of a staff group who'd help us develop our Gaelic Language Plan and Gaelic engagement?

Yes	16
Maybe	44
No	63



4. Have you got any other suggestions or ideas about how we bring Gaelic to life in the Park that you'd like to share?

51
Responses

Latest Responses

"Gaelic language classes run by our national park rangers or volunteers at Balloch ..."

"Keep working with the meanings of Gaelic place names and what they tell us abo..."

"Improving the understanding of the nature, landscapes and history of the Nation..."

...

34 respondents (67%) answered Gaelic for this question.

Gaelic music Gaelic training project on gaelic Gaelic speakers Gaelic folklore
gaelic in the landscape Gaelic language **Gaelic** place names Gaelic teacher
Gaelic context English and Gaelic Gaelic names Gaelic words Gaelic place Gaelic use
guide in gaelic Gaelic signage Interested in Gaelic Gaelic translation